



An Lanntair

**Tìotal na Dreuchd:** Manaidsear Leasachaidh nan Ealan is Gnìomhachasan Cruthachail Gàidhlig

**An urra ri:** Ceannard, An Lanntair

**Uairean obrach:** Làn-ùine

**Tuarastal:** £30,000 sa bhliadhna

**Àite obrach:** An Lanntair, Steòrnabhagh, ach le siubhal air feadh nan Eilean

**Cùmhnant:** Ùine suidhichte, 12 mìosan aig an toiseach

---

## Ro-ràdh

Bidh seo na chothrom air leth dha Gàidheal dealasach, dìoghrasach le eòlas air obair leasachaidh phroifeasanta a bhith bhos cionn rannsachadh agus taic chum fàs a thoirt air inbhe agus seasmhachd nan ealan is gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig.

'S ann anns An Lanntair, an Steòrnabhagh, a bhios an dreuchd seo stèidhichte ach le dleastanas siubhal a dh'obair le buidhnean com-pàirteachais air feadh nan Eilean agus Alba .

Is e am prìomh adhbhar airson na h-obrach seo ach togail a thoirt air inbhe nan ealan agus gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig, a' togail airgid airson na h-obrach, co-òrdanachadh ga dhèanamh air obair chom-pàirteachail, ceanglaichean làidir a bhith ann le buidhnean com-pàirt aig ìre nàiseanta agus a bhith na thosgair airson nan ealan agus gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig. Is iad na prìomhachasan airson a' Mhanaidseir Leasachaidh tron bhliadhna phìolait seo ach:

- Sgrùdadh ga dhèanamh air na tha a' tachairt agus ga thoirt seachad a thaobh nan ealan Gàidhlig, le toraidhean an rannsachaidh gam foillseachadh.
- Co-chomhairle a chumail air feadh na roinne chum dearbhadh nam feumannan sònraichte a thaobh:
  - Prògramadh / leasachadh phròiseactan co-obrachail
  - Taic dha luchd-ealain / taic dha tàlantan ùra sna h-ealainean Ghàidhlig
  - Taic mu choinneamh nan gnìomhachasan cruthachail dha companaidhean a tha ag obair leis a' Ghàidhlig
  - Taic dha gnothachasan / taic chum tòiseachadh agus leasachadh iomairtean sna h-ealain/gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig
  - Preantasan agus greisean-obrach
  - Leasachadh na Gàidhlig
- Co-òrdanachadh a dhèanamh air Buidheann Stiùiridh, le coinneamh gach ràithe eadar na diofar bhuidhnean com-pàirteachais
- Tòiseachadh is cur air turas pròiseactan co-obrachail ùra Gàidhlig air feadh diofar seòrsa ealan le inbhe nàiseanta agus eadar-nàiseanta.
- Co-òrdanachadh is cur air dòigh Co-làbhairt nan Ealan Gàidhlig as t-Earrach 2017.



An Lanntair

- Cruthachadh làrach-lìn agus fòram airson nan Ealan Gàidhlig air-loidhne, le ìomhaigh agus teachdaireachdan na làraich-lìn gan stèidheachadh.
- Deasachadh ro-innleachd maoinachaidh le airgead ga ghlèidheil airson Lìonra nan Ealan Gàidhlig agus na h-obrach na lùib; a' gabhail a-steach obair na dreuchd fhèin às dèidh a' phròiseict phìolait agus diofar ghnìomhan mar a leanas.

Thathas an dùil gur iad prìomh amasan na h-obrach thar na h-ath:

- Aithisg air rannsachadh farsaing, a' toirt cunntas slàn air staid roinn nan ealan is gnìomhachasan cruthachail Gàidhlig le sgrùdadh air feumannan na roinne ('needs analysis') agus Plana Gnìomha a' coimhead air adhart is ag amas aig fàs gnìomhachasan seasmhach cruthachail.
- Co-dhiù dà phròiseact ealan ùr co-obrachail Gàidhlig air feadh na lìonra, air an tòiseachadh is air turas.
- Prògram taice nan ealan Gàidhlig dha luchd-ealain ùra air a rannsachadh, fheuchainn, dhealbhadh agus ullamh a chur air bhog.
- Sgeama Preantasachd nan Ealan Gàidhlig ga stèidheachadh.
- Co-labhairt nan Ealan Gàidhlig ga ruith.
- Làrach-lìn ga cruthachadh airson nan ealan Gàidhlig.
- Branndadh agus teachdaireachdan 'son nan ealan Gàidhlig san aon àite.
- Ro-innleachd maoinachaidh agus bliadhna maoinachadh ga ghlèidheil airson na lìonra is na h-obrach na lùib.

Ged is ann airson dà mhìos dheug a bhios an obair seo an toiseach, tha An Lanntair agus na buidhnean com-pàirteachais gu mòr airson is gun lean an dreuchd seo thar an fhad-ùine agus tha coltas mòr ann gun tèid sìneadh a dhèanamh air an dreuchd a rèir na thèid a ghlèidheil de mhaoineachadh air a son.

### **A' cur a-steach airson na h-obrach**

Tha an cunntas-obrach agus eòlas pearsanta mu choinneamh na dreuchd an cois. Bu chòir leughadh tron fhiosrachadh seo agus an uair sin litir mionaideach iarrtais a chur a-steach ag innse mar a thathas a' freagairt air na diofar sgilean is eòlasan, maille ri copaidh dhen Curriculum Vitae tron phost no air post-d gu:

Elly Fletcher, Ceannard

An Lanntair, Sràid Choinnich, Steòrnabhagh, HSI 2DS

[elly@lanntair.com](mailto:elly@lanntair.com)

Ma tha duine sam bith airson ceist fhaighneachd no bruidhinn air gach nì a bhuineas dhan obair mas cuir iad iarrtas a-steach, bu chòir fios a chur gu Elly Fletcher air 01851 708480 no [elly@lanntair.com](mailto:elly@lanntair.com).

Is e an ceann-là airson iarrtasan **28<sup>mh</sup> Gearann 2017 aig 9m.**